

Na Geamannan

Is mise Marsaili NicNèill, aois 14 agus tha mi nam chompàirtiche de na geamannan cho-fhlaitheas 2014. Tha mi a' dol ag innse mar a thachair dhomh.

Tha mi air a bhith a' trèanadh airson na Geamannan airson dà bhliadhna. 'S e obair gu math cruaidh a bh'ann. Ach, a-nist tha mi dol a dh' fhaighinn a-mach ma dh' obraich mi cruaidh gu lèor. Tha mi falbh airson an òir! Mise, nighean bheag à Bharraigh, a gabhail pàirt ann an lùth-chleasachd! Tha mi dìreach air bhioran! Smaoinich, 's dòcha gum faigh mise bonn òr!

Chaidh mi gu baile nam compàirtichean aig toiseachd na geamannan. Latha bha seo bha mi dìreach a' suidhe a-muigh leis a h-uile caompàirtiche eile ann an Alba a' feitheamh airson am bus. Bha mo thrèanair a' feitheimh dhomh san aonad lùth-chleasachd. Cha robh mi air bhioran, bha mi gu math iomagaineach.

Bha mi aig na geamannan an uair sin agus 's e leum àrd a chiad spòrs. Bha mi toilichte oir 's e seo an tè as fhasa dhomh. Nuair a thàinig e faisg air deireadh a' chofharpais 's e dìreach mise is nighean à Chanada a bha air fhàgail. Bha sinn aig 2m 10cm. 'S e an leum mu dheireadh a bh' ann. Bha an nighean à Chanada a' dol an toiseach. Thòisich i a' ruith, bha mi a' fàs gu math iomagaineach a-rithist, cha b'urrainn dhi seo fhaighinn. Dhùin mi mo shùilean agus cha do dh' fhosgail mi iad gus an do chuala mi an duine ag ràdh gun robh i a-mach. Thàinig gàire air m' aodann ach an uair sin bha cuimhne agam gun robh agam ri dhol fhathast agus thuit mo ghàire. Thòisich mi, a' ruith cho luatha 's a b'urrainn dhomh a' cumail m' aire air an t-slat. Rinn mi aon leum mhòr is bha e mar gun robh mi a' snàmh tron adhar! Bha mi a' feitheamh airson am pòl fhaireachdainn air mo bhodhaig ach cha do dh'fhairich mi càil. An uair sin mhothaich mi gun robh mi thairis air, bhuannaich mi!

Chaidh na spòrs seachad gu luath is bhuannaich mi leum tripilte is na hurdalan. Le sin bha gu lèor puingean agam airson pàirt a gabhail san rèis mu dheireadh. FEUMaidh mi seo a bhuannachadh!

Bha gu lèor puingean aig an nighean à Chanada cuideachd. Bha i seachd-deug bliadhna a dh'aois ach gu math beag, bha mise na b'airde is na bu làidire. 'S dòcha, dìreach 's dòcha gu bheil teans agam buannachadh.

Bha sinn uile deiseil is a' seasamh air na marcaidhean again. Chuala mi **BRAG** agus thòisich mi na 400m a' ruith. Bha mi a' ruith cho luath 's a b'urrain dhomh, bha mi a' faireachdain mar gun tuiteadh mo chasan dheth. Bha an nighean à Chanada dìreach rim thaobh. Choimhead mi air thoiseach orm is chunnaic mi an loidhne deireannach. Ruith mi fada nas luaithe na bha mi cheanna is fhuair mi seachad air an loidhne. Thuit mi le cho sgìth 's a bha mi. Choimhead mi suas is chinnaic mi gun robh iad a' cluich deireadh an rèis a-rithist air sgrion mhor. Bhuannaich an nighean à Chanada oir chuir i a cas seachad air an loidhne dìreach air thoiseach orm.

Thuit mo chridhe airson dìog, bha mi carran brònach ach smaoinich mi air a-rithist. Fhuair mise an dàrna àite aig dìreach aois 14!

Thàinig cudeigin suas rium is thuirt i,

“Is mise Jessica Ennis, tha mi anns an sgioba airson na h-Olieampaigs is tha mi a' smaointinn gum bidh e math mu thàinig thu còmhla ruin gu Rio ann an 2016...”